

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



\*Please scroll down for English Version\*

13/10/2015

## Bòrd na Gàidhlig a' sireadh bheachdan bho dhaoine mus tèid an Stiùireadh airson Foghlam Gàidhlig ullachadh

Tha Bòrd na Gàidhlig a' sireadh bheachdan bho dhaoine agus iad ag ullachadh Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig a bhios mar phàirt de Bhive an Fhoghlaim (Alba) 2015.

Chaidh duilleag-lìn a chruthachadh air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig far am faicear tuilleadh fiosrachaидh mun Bhive agus mun Stiùireadh, agus tha e' toirt cothrom do dhaoine beachdan is molaidhean a chur thugainn mun Stiùireadh. Chòrdadh e ris a' Bhòrd beachdan fhaighinn bho dhaoine a thaobh na leanas:

- A bheil cùisean sònraichte ann a bu thoil leibh fhaicinn mar phàirt den Stiùireadh nuair a thèid ullachadh?
- Dè na priomh chuspairean a th' ann, airson a h-uile duine?
- A bheil molaidhean agaibh a thaobh nan dùighean as fheàrr sam b' urrainnear co-chonaltradh leantainneach a chumail suas eadar Bòrd na Gàidhlig agus tidsearan, sgoilearan, pàrantan, oifigearan comhairleachaidh bho ùghdarrasan ionadail agus daoine eile le ùidh is com-pàirt ann am foghlam tron Ghàidhlig?

Tha Pàrlamaid na h-Alba a' beachdachadh air Bile an Fhoghlaim (Alba) 2015 an-dràsta, agus mar phàirt den bhive sin tha cumhachan stèidhichte air gealladh a thug Riaghaltas na h-Alba seachad sa mhanifesto aca, gus '*coimhead air mar a ghabhadh còir air foghlam tron Ghàidhlig a stèidheachadh nuair a tha iarrtas reusanta ann.*'

Thuirt an Leasaiche Foghlaim is Ionnsachaidh Eadar-amail aig Bòrd na Gàidhlig, Brus Robasdan: "Seo a' chiad reachdas sa bheil cumhachan a bhuineas gu dìreach ris a' Ghàidhlig bho chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a stèidheachadh, agus mar sin tha an reachdas seo gu bhith fior chudromach do chor na Gàidhlig san àm ri teachd agus do dh'foghlam Gàidhlig. Ri linn sin, tha Bòrd na Gàidhlig ag iarraidh cuideachadh le bhith dealbh an Stiùridh agus tha sinn airson dèanamh cinnteach gum faigh daoine a tha an sàs ann am foghlam Gàidhlig, aig gach ire, cothrom pàirt a ghabhail ann a bhith ga dhealbh."

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



Gus dèanamh cinnteach gun tèid an obair air adhart mar bu chòir gus an Stiùireadh a dhealbh, tha sinn air Buidheann-obrach a stèidheachadh, sa bheil riochdairean bho Bhòrd na Gàidhlig, Co-chruinneachadh Ùghdarrasan Ionadail na h-Alba (CoSLA), Foghlam Alba, Comhairle Baile Ghlaschu, Comhairle na Gàidhealtachd agus Riaghaltas na h-Alba. Tha a' bhuidheann seo air clàr-ama airson na h-obrach a chur air dòigh agus mar phàirt de sin, thairis air an ath shia mìosan, bidh prògram co-chomhairleachaidh ann far am bithear a' sireadh bheachdan bhon mhòr-sluagh agus bho dhaoine aig a bheil ùidh ann am foghlam Gàidhlig, agus thèid dreachd den Stiùireadh a dhealbh. Às dèidh na h-ùine sin thèid làn cho-chomhairleachadh poblach a chumail.

## DEIREADH

Airson tuilleadh fiosrachaiddh mun bhrath-naidheachd seo cuiribh fios gu Steven MacIomhair, am Manaidsear Corporra is Conaltraidh aig Bòrd na Gàidhlig, air post-d [steven@gaidhlig.org.uk](mailto:steven@gaidhlig.org.uk) no air a' fòn 07595763071.

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



**13/10/2015**

## **Bòrd na Gàidhlig looks for input ahead of preparation of Guidance on Gaelic Education**

Bòrd na Gàidhlig is looking for input as it prepares Statutory Guidance on Gaelic Education to accompany the Education (Scotland) Bill 2015.

A web page has been set up on Bòrd na Gàidhlig's website which gives some further background on the Bill and Guidance and also provides a portal to feed back any suggestions for inclusion in the Guidance. The Bòrd would like to get feedback from individuals in the following areas:

- The specific issues you would like to see included as it develops?
- What the key issues are, for all parties?
- Recommendations about the ways in which an on-going dialogue between Bòrd na Gàidhlig and teachers, pupils, parents, local authority advisors and other stakeholders in Gaelic-medium education would best be facilitated?

The Education (Scotland) Bill 2015, which is currently being considered by the Scottish Parliament, includes Gaelic provisions based on the Scottish Government's manifesto commitment to '*examine how we can introduce an entitlement to Gaelic medium education where reasonable demand exists.*'

Bòrd na Gàidhlig Interim Head Of Education and Learning, Bruce Robertson said: "This is the first legislation to contain provisions that directly focus on Gaelic since the Gaelic (Scotland) Act 2005 and therefore this legislation is critical to the future of the Gaelic language and Gaelic education. With this in mind, Bòrd na Gàidhlig is seeking assistance in the development of the Guidance and we want to ensure that those who are involved in Gaelic education, at all levels, are afforded the opportunity to be involved in shaping it."

To ensure effective development of the Guidance a Core Group, which includes representatives from Bòrd na Gàidhlig, COSLA, Education Scotland, Glasgow City Council, Highland Council and Scottish Government, has been assembled and has confirmed a work schedule that will see a programme of consultation with the public and stakeholders, and the development of draft Guidance over the course of the next 6 months. This period of work will be followed by a full public consultation.

**ENDS**

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



For further information on the contents of this news release please contact Steven MacIver, Corporate and Communications Manager, Bòrd na Gàidhlig by e-mailing [steven@gaidhlig.org.uk](mailto:steven@gaidhlig.org.uk) or phoning 07595763071